

Bun-sgoil Shlèite



Leabhran na Sgoile 2009/2010
School Handbook 2009/2010

Fàilte!
Welcome!

Clàr-innse - Contents

Fàilte	<i>Welcome</i>	3
Ar Lèirsinn, Luachan, Amasan	<i>Vision, Value, Aims</i>	3
Rùn na Sgoile	<i>Mission Statement</i>	4
Amasan na Sgoile	<i>School Aims</i>	4
Conaltradh leis an Sgoil	<i>Contacting the School</i>	5
Mu dheidhinn na Sgoile	<i>About the school</i>	5/6
I arrtasan dhan Sgoil	Placing Requests	7
Latha na Sgoile	<i>School Day</i>	7
Aodach Sgoile	<i>School Uniform</i>	7
Taic le Aodach Sgoile	<i>School Clothing Assistance</i>	8
Brògan Taighe	<i>Indoor Shoes</i>	8
Aodach Lùth-Chleasachd	<i>PE Clothes</i>	8
Neo-làthaireachd Sgoilear	<i>Pupil Absences</i>	9
Poileasaidhean na Sgoile	<i>School Policies</i>	9/10
An Curaicealam	<i>Curriculum</i>	10/11
Droch Shìde	<i>Bad Weather</i>	11
An Luchd-Obrach	<i>Staff</i>	12
Slàinte	<i>Health</i>	12
Mialan fuilte	<i>Head Lice</i>	13
An Àrd-Sgoil	<i>Secondary School</i>	13
An Sgoil-Àraich	<i>Nursery</i>	13
Plana Leasachaidh na Sgoile	<i>School Improvement Plan</i>	14
Comhairle nam Pàrant	<i>Parent Council</i>	15
Co-ionannachd Chothroman	<i>Equal Opportunities</i>	16
Aithisgean Sgoilear	<i>Pupil Reports</i>	16/17
Taic le Ionnsachadh	<i>Support for Learning</i>	18
Rianachd Chlasaichean	<i>Class Organisation</i>	19
Tachartasan Seachdaineil	Weekly Events	19
Pàrantan Taice	<i>Parent Helpers</i>	19
Dinnearan Sgoile	<i>School Dinners</i>	20
Cinn-là Chudromach	<i>Term Dates</i>	20
Taighean na Sgoile	<i>School Houses</i>	21
Riaghailtean na Sgoile	<i>School Rules</i>	21
Tachartasan às dèidh Sgoile	<i>After School Activities</i>	22

Failte - Welcome

Ann am Bun-sgoil Shlèite tha sinn daonnan trang - chan eil sinn uair sam bith nar tàmh. Is sinne a' chiad sgoil Ghàidhlig ann an Alba le roinn Bheurla. Chaidh an togalach fhosgladh anns an t-Samhain 1983 is chaidh ar stèidheachadh mar Sgoil Ghàidhlig san Lùnasdal 2007. Anns an leabhran seo, gheibh sibh fiosrachadh mu dheidhinn na sgoile - ach na bithibh leisg fios a chur thugainn le ceist sam bith eile a bhios agaibh!

Here at Bun-sgoil Shlèite we are very busy - nothing and no-one stands still for long! Bun-sgoil Shlèite is Scotland's only Gaelic medium school with an English department. It was established in August 2007, but the building originally opened November 1983. In this handbook, you will find information about the school, but be sure to contact us if you have any further questions.

Mrs Gwen Culbertson, Ceannard, *Head Teacher.*

Ar Lèirsinn, Luachan agus Amasan - *Our Vision, Values and Aims*

'S e ar rùn gun soirbhich leis gach pàiste is gun coilean iad an comasan le taic, misneach agus stiùireadh on luchd-obrach ann am Bun-sgoil Shlèite.

We will ensure that all pupils achieve to the best of their ability with support, encouragement and guidance from the staff at Bun-sgoil Shlèite.



Rùn na Sgoile - *School Mission Statement*

Tha sinn a' cur romhainn a bhith gnothaicheil mu choinneimh na h-inbhe shònraichte a th' aig Bun-sgoil Shlèite (mar sgoil Ghàidhlig le roinn Bheurla) gus an ùine a chuireas iad seachad san sgoil a bheartachadh dhan h-uile sgoilear is dhan luchd-obrach. Bidh sinn a' misneachadh chloinne gu bhith innleachdach, adhartach agus co-fhaireachail; mealaidh sinn tàlant gach duine fa leth agus bheir sinn dhaibh a bhith mothachail is measail air a chèile, gus am bi an sgoil na deagh bhunait dhaibh is gun tig iad gu inbheachd mar dhaoine dèantanach, neo-eisimeileach is stuama sa choimhearsnachd.

We recognise and aim to take full advantage of the unique status of Bun-sgoil Shlèite (as a Gaelic school with an English department) to further enhance the educational and social experience of every pupil and every member of staff in our school. We will instil and develop an ethos of enterprise, achievement and mutual respect, nurturing and celebrating each child's skills, talents, sense of community and team spirit, to help them grow into hard working, individual and responsible citizens

Amasan na Sgoile - *School Aims*

Nar sgoil bidh sinn ag àrdachadh soirbheachas agus ionnsachadh fad beatha ann an àrainneachd a bhios sona, brosnachail, sàbhailte is dìonach fhad 's a bhios sinn ag obair còmhla ri cloinn, pàrantan agus a' choimhearsnachd, gus am bi ar sgoilearan

In our school we will promote high achievement and learning for life in a happy, stimulating, secure and safe environment while working with children, parents and the wider community, so that all pupils will:

- * ceasnachail nan inntinn
- * air am misneachadh gu bhith ag ionnsachadh fad am beatha
- * sùbailte nan dòighean a rèir feumalachdan an t-saoghail a bhios aca
- * fèin-spèiseil - measail orra fhèin, air daoine eile agus air an àrainneachd
- * comasach air obair a thoirt a-mach gu neo-eisimeileach agus tro cho-obrachadh
- * a' coileanadh an comasan uile anns gach roinn den churaicealaim
- * tuigseach agus measail air an creideamh is an cultar fhèin is aig daoine eile, agus
- * mothachail air an àite a th' acasan ann a bhith a' toirt buaidh air barail choitcheann

- * *develop enquiring minds and a spirit of curiosity*
- * *become highly motivated life-long learners*
- * *be flexible and adaptable for the modern world*
- * *have high self esteem - respecting themselves, others and the environment*
- * *be able to work independently and collaboratively in a variety of situations*
- * *achieve their full potential in all areas of the curriculum*
- * *have an understanding of and respect for their own and other beliefs and cultures and their roles in shaping society*

Conaltradh leis an sgoil - *Contacting the school*

Tha conaltradh leis an sgoil ri dhèanamh tro na meadhanan a leanas:

Contacting the school should be through the following means:

Fòn/Phone: 01471 844326 (fàgaibh teachdaireachd mura freagair sinn/*please leave a message if the phone is not answered*)

Post-D/Email: bunsgoil.shleite@highland.gov.uk

Tron làrach/Through the website: www.bunsgoilshleite.com

Post/Post: Bun-sgoil Shlèite, Slèite, An t-Eilean Sgitheanach, IV44 8RF.

Thèid cuairt-litir mhiosail dhachaigh bhon sgoil le fiosrachadh mu na bha a' dol, 's na tha sinn an dùil a bhios a' dol agus bidh am fiosrachadh seo air a sgaoileadh gu h-ionadail air bùird-fhiosrachaidh na sgìre. San eadar-ama gheibhear fiosrachadh, naidheachdan agus na dealbhan as ùire air an làraich-lìn againn.


A monthly newsletter will be published and distributed with news about what has been going on and what will be happening to all families. The newsletter will also be distributed locally on noticeboards. In between times the most up-to-date news and photos are online on our school website and blog.

Mu dheidhinn Bun-sgoil Shlèite - *About Bun-sgoil Shlèite*

Tha an sgoil a' gabhail a-steach sgìre Shlèite air fad: An Druim Fhearna, Tarsgabhaig, An t-Òrd, Dùisdeil, Eilean Iarmain, Tòrabhaig, An Teanga, A' Chill Mhòr, Armadail agus An Àird. Faodaidh clann a tha a' fuireach air taobh a-muigh Shlèite tighinn dhan sgoil ach feumar iarrtas a dhèanamh ann an Oifis Fhoghlaim na Sgìre.

The school caters for children from the entire Sleat peninsula, incorporating Drumfearn, Tarskavaig, Ord, Duisdale, Isle Ornsay, Toravaig, Teangue, Kilmore, Armadale and Aird. Children from outwith the Sleat area can also attend the school after applying for a placing request via the Area Education Office.





Tha sinn fortanach gu bheil deagh ghoireasan againn air feadh na sgoile. Tha ceithir clasaichean againn, trì Gàidhlig agus aon Bheurla. Tha trì prìomh thogalaichean againn – an togalach mòr far a bheil na clasaichean Gàidhlig, an talla dinnearach, an leabharlann agus an seòmar coinneimh; an taigh-sgoile far a bheil an clas Beurla agus tha togalach “gluasdach” againn far a bheil an sgoil-àraich Ghàidhlig agus Bheurla. Tha deagh shuidheachadh aig an sgoil is i air a cuairteachadh le talamh is goireasan a ghabhas cur gu feum, eadar gàrradh na sgoile, gàrradh na sgoil-àraich, am MUGA (an raon ioma-spòrsa), pàirc na sgoile agus deagh raon-cluiche. Tha talla na sgoile air a cleachdadh leis a' choimhearsnachd air fad air iomadh adhbhar.

Tha e na thoileachas dhuinn gu bheil ceanglaichean làidir againn ri Sabhal Mòr Ostaig an ath-dhoras agus ris an Sgoil Dhòchais is Chreideimh ann an Zambia cuideachd.

Tha Comataidh Eig-eòlais, Comhairle Sgoilear agus Comataidh Ealain, Lasair Ealain, againn san sgoil anns a bheil sgoilearan, luchd-teagaisg agus pàrantan an sàs ag adhartachadh agus a' leasachadh phròiseactan air feadh na sgoile. Ma tha sibh airson na buidhnean seo a chuideachadh, chan eil agaibh ach fios a leigeil dhan sgoil.

We are extremely fortunate to have excellent facilities, equipment and accommodation in our school. The school has 4 classes, three Gaelic and one English.. There are three main buildings that make up the school, the main building houses the Gaelic classes, multi-purpose hall, library and meeting room; the school house has the English class and we also have a demountable unit where the sgoil-àraich/nursery takes place. We have very generous grounds around the school, the garden, the nursery garden, school pitch, MUGA (multi-use games area) and generous playground. The multi-purpose hall is used for many activities during the school day by pupils and out with school hours by the community.

We are very fortunate to have strong links with Sabhal Mòr Ostaig next door and with the Hope and Faith School in Zambia.

We have a very active Eco Committee, Pupil Council and Arts Committee – Lasair Ealain in the school; where pupils, teachers and parents work together to develop and futher school projects. If you would like to be involved please get in touch with the school.



Iarrtasan airson àite san sgoil/Placing Requests

Ma tha sibh a' fuireach air taobh a-muigh sgìre thrusaidh na sgoile, agus airson ur pàiste a chur innte, tha iarrtas ri chur ann an litir gu Oifis Fhoghlaim na Sgìre aig an t-seòladh a leanas: Oifis Fhoghlaim na Sgìre/Area Education Office, 13 Sràid Ardross, Inbhir Nis, IV3 5NS. Mura h-eil sibh cinnteach mu sgìre thrusaidh na sgoile, chan eil agaibh ach fios a leigeil dhuinn.

If you live outwith the catchment area and want to send your child then a placing request letter has to be submitted to the Area Education Office, 13 Ardross Street, Inverness, IV3 5NS. If there is any uncertainty about the catchment area please do not hesitate to get in touch with the school.

Uairean Sgoile - School Day

09.15 - Fosgladh Sgoile - *School Opens*

11.00 - Àm Cluiche - *Morning Break*

12.20 - Àm Dìneir - *Lunch - P1-3*

12.45 - Àm Dìneir - *Lunch - P4-7*

13.30 - Toiseach an Fheasgair - *Afternoon session*

15.15 - Deireadh an latha - *End of day*



Aodach Sgoile - School Uniform

Chaidh an t-aodach sgoile againn ùrachadh le suaicheantas ùr a rinn Lilidh Chaimbeul fhad 's a bha i ann an Clas 2 an-uiridh (2008).



Last year (2008) we updated our school logo, all pupils of the school designed a logo and voted on their favourite; which was Lilidh Campbell's logo

Tha sinn uile a' gabhail misneachd anns an t-suaicheantas againn 's mar sin san sgoil againn cuideachd.

Anns an sgoil tha sinn a' moladh gum bi clann a' cosg lèine-t no lèine agus geansaidh na sgoile le briogais, briogais-ghoirid no sgiorta spaideil, 's gun a bhith a' cosg jeans, briogais spòrs no a leithid.

'S iad dathan na sgoile an geansaidh gorm-dorcha le lèine liath.

We are all very proud of our school badge and wear our school uniform with pride.

We encourage all children to wear school uniform (t-shirt/shirt and sweater) with school trousers, shorts or skirts. We do not encourage the wearing of jeans, tracksuit trousers or similar.

Our school colours are our navy sweater and light blue (t)shirt.

Tagradh airson Taic le Aodach-Sgoile - *Application for Assistance with Footwear and School Clothing*

Ma tha sibh a' faighinn sochairean stàite a leithid Taic le Teachd a-steach, Creideas Cise Theaghlaichean a tha ag obair, Cuibhreann Luchd-siridh Obrach no Cuibhreann nam Banntrach a tha nam Màthraichean, faodaidh sibh iarrtas a dhèanamh dhan taic-airgid ainmichte gu h-àrd. Tha foirmichean rim faighinn ann an oifis na sgoile (far am bi diomhaireachd ga gleidheadh).

If you are in receipt of Income Support, Working Families Tax Credit, Income Based Jobseekers Allowance or Widowed Mothers Allowance you can apply for the above. Forms are available from the school office in strictest confidence.

Brògan Taighe - *Indoor Shoes*

Bu chòir brogan boga a bhith aig gach pàiste is na h-ainmean aca sgrìobhte nam broinn. Tha seo cudromach gus nach tèid na h-ùrlaran a mhilleadh.

All the children should have named indoor shoes that they can change into while in the school buildings after being outside. This is important to maintain the floor coverings from mud etc.

Aodach Lùth-Chleasachd - *PE/Clothing*

Tha briogais-ghoirid, lèintean-t agus brògan freagarrach a dhìth air gach pàiste airson cleasachd. Bu chòir dhaibh seo a bhith air am fàgail san sgoil fad na seachdaine. Tha falt fada ri cheangal air ais agus cha bu chòir dha seudraidh a bhith air a chosg idir. B' fheàrr gun robh ainmean na cloinne sgrìobhte air bileig san aodach aca. Tha bocsa ann an oifis na sgoile far a bheilear a' cumail aodach is nithean eile a chaidh fhàgail

Shorts, T-shirts and gym shoes/soft trainers are required for PE. These should be kept in school during the week. Long hair should be tied back for PE and no jewellery should be worn. The labelling of garments e.g. jackets, gym shoes, sweatshirts etc. aids identification for the pupil and staff. We have a lost property box in the school office for all items.



Neo-làthaireachd Sgoilear - *Pupil Absences*

Bu chòir dha pàrantan fios a chur dhan sgoil ma tha a' chlann aca bochd no gu bhith far na sgoile no na sgoil-àraich cho luath 's as urrainn dhaibh. Air adhbharan sàbhailteachd, mura h-eil sinn air cluinntinn ro 10m, cuiridh sinn fòn gu taigh a' phàiste. Mura faigh sinn fios, cumaidh sinn clàr dhen seo. Ma tha am pàiste gun tilleadh dhan sgoil is trì latha air a dhol seachad, agus nach fhaigh sinn grèim air a' phàrant, cuiridh sinn fios a dh'Oifis an Fhoghlaim.

Airson clann a bhios far na sgoile air adhbhar nach eil co-cheangailte ri tinneas, feumaidh fios a bhith aig an sgoil carson.

Tha Riaghaltas na h-Alba air riaghailtean soilleir fhoillseachadh a thaobh a bhith a' cumail clann às an sgoil tron teirm. Tha cinn-là na sgoile rim faotainn glè thràth gus leigeil dha pàrantan làithean-saora a chur air dòigh. Leis a sin thèid a mhòr-chuid de làithean-saora tron teirm a chlàradh mar "làithean-saora gun-chead".

Parents or Guardians must contact the school as soon as possible if their child is absent from school or nursery. In the interests of child safety, please note that if we have not heard about the reason for a child's absence by 10.00 am we try to contact the child's home by telephone. If no contact can be made, a record will be noted. If the child is still absent after 3 days and no contact can be made with the parent, the details have to be forwarded to the Education Office.

For pupils who are to be taken out of school for a reason other than illness, eg for an appointment or holiday, the school must be informed as soon as possible.

The Scottish Executive has issued very clear guidelines regarding pupils being taken out of school during term time. The school dates are set and published well in advance to enable parents to make arrangements. Therefore most holiday absences will have to be recorded as an unauthorised holiday

Poileasaidhean na Sgoile - *School Policies*

Tha na poileasaidhean gu lèir againn gan ùrachadh an-dràsta - tha na leanas deiseil agus rim faotainn aig an sgoil ann am pasgan fiosrachaidh do phàrantan aig an doras aghaidh:

All of our school policies are being updated and republished just now - below are those that are complete and available at the school in the parent's information folder at the entrance.

1. Droch Shìde - *Bad Weather*
2. Ullachadh is Blasadh air Biadh san Sgoil - *Food Tasting & Preparation in School*
3. Obair Dachaigh - *Homework*
4. Leigheasan san sgoil - *Medicines in School*
5. Planadh Teirmeil - *Forward Planning*
6. Coimpiutaireachd - *ICT*
7. Àrdachadh Deagh Ghiùlain - *Promoting Positive Behaviour*
8. Cùram Cloinne - *Child Protection*
9. Taisbeanadh Obrach - *Presentation of work*
10. Pòsadh Sgoilearan Ùra - *Pupil Induction*
11. Pòsadh Luchd-Obrach Ùra - *New staff induction*
12. Co-ionannachd Chothroman - *Equal Opportunities*
13. Leasachadh Proifeiseanta Leantainneach agus Co-bhanntachdan Luachaidh Proifeiseanta agus

Leasachaidh le Pàrantan *Continuing Professional Development and Professional Review and Development Partnerships with Parents*

14. Aithisgean Sgoilear - *Pupil Reports*
15. Slàinte is Sàbhailteachd - *Health and Safety*
16. Plana-èiginn Mòr-thachartais - *Major Incident/Emergency Plan*
17. An aghaidh burraidheachd agus gràin-chinnidh - *Against bullying and racism*
18. Taic le Ionnsachadh - *Support for Learning*
19. Poileasaidh an aghaidh burraidheachd - *Anti-bullying policy*

An Curaicealam- Curriculum

Tha Alba an-dràsta a' cur air adhart ath-leasachaidhean cho mòr 's a chunnacas fad ginealaich ann am foghlam. Aig cridhe na h-iomairt seo tha an Curaicealam airson Sàr Mhaitheis, am prògram a tha a' dèanamh ath-sgrùdadh air a' churaicealam a th' ann. Tha e ag amas air na leanas:

- tuilleadh saoirse do luchd-teagaisg.
- taghadh agus cothroman nas fheàrr do sgoilearan.
- aon churaicealam soilleir do chloinn is do dhaoine òga eadar 3-18 bliadhnaichean a dh'aois.

Bheir an Curaicealam airson Sàr Mhaitheis oirnn smaoinichadh ann an dòighean ùra mun churaicealam. Leigidh e do dhaoine ag obair ann am foghlam a bhith a' dealbhachadh is a' feuchainn innleachdan ùra. Bidh a dhùbhlain fhèin aige a thaobh ionnsachaidh is teagaisg

Ged a tha Bun-sgoil Shlèite a' cumail ri stiùiridhean ionadail is nàiseanta, agus stiùiridhean 5-14 mar a tha iad againn, bu mhat leinn leasachaidhean a dhèanamh a rèir nan ceithir slatan-tomhais a tha an Curaicealam airson Sàr Mhaitheis a' cur mar coinneimh: luchd-ionnsachaidh soirbheachail, daoine misneachail, poball stuama, luchd-tabhartais èifeachdach. Gus na nithean sin a thoirt gu buil, nochdaidh dòighean ùra dealbhachaidh, ionnsachaidh is teagaisg. 'S ann air dòighean ionnsachaidh is teagaisg as motha a chì pàrantan atharrachadh a' tighinn, is gu h-àraidh le modhan co-obrachail is gnìomhach san t-seòmar-theagaisg. Chithear cudrom ga chur air obair chàraid is obair thriùir agus barrachd fèin mheasaidh is measadh co-inbheach. Tha na dòighean sin air an dearbhadh;

Scotland is currently pursuing its biggest education reform for a generation. At its heart, Curriculum for Excellence is the programme of work that is reviewing the current curriculum. It aims to provide:

- *more freedom for teachers*
- *greater choice and opportunity for pupils*
- *a single coherent curriculum for all children and young people aged 3-18*

Curriculum for Excellence challenges us to think differently about the curriculum. It encourages those working in education to plan and act in new ways. It also poses challenges for learning and teaching.

While Bun-sgoil Shlèite adheres to national and local guidelines and the current 5-14 curriculum documents we are keen to develop the four capacities of a Curriculum for Excellence: successful learners, confident individuals, responsible citizens and effective contributors. To enable this planning, teaching and learning styles will evolve. One of the biggest changes that you as parents may notice is the change in learning and teaching, principally collaborative and active approaches to learning in the classroom. Trio and paired work feature highly as do peer and self assessment. These are proven successful methods which are innovative, engage the pupils, make them think, give them more ownership of their work,

tha iad innleachdach, tha iad a' togail ùidh nan sgoilearan, a' toirt orra a bhith a' smaoinichadh, a' toirt dhaibh barrachd seilbh air an cuid obrach, a' cruthachadh sgoilearan a bhios neo-eisimeileach nan dòighean agus seòmar-teagaisg a bhios beòthail is tachartach. Tha cuid mhath de na dòighean seo gan cur gu feum mar-thà ann an seòmraichean-teagaisg ar sgoiltean agus tha iad soirbheachail. Bidh sinn a' cumail fios ribh tron bhliadhna mar a bhios rudan ùra a' nochdadh le bhith a' cur litrichean dhachaigh agus a' cumail oidhcheannan fiosrachaidh

create independent learners and make for a vibrant, busy classroom. Many of these methods are already in place in your child's classroom and are proving successful. We shall be getting in contact throughout the school year as things change with information in school bags and open evenings to find out more.



Tuilleadh fiosrachaidh/ *More information:*

<http://www.curriculumforexcellencescotland.gov.uk/>

Droch Shìde - Bad Weather

<http://www.schoolclosures.highlandschools.org.uk/>

Ann an droch shìde, fònaibh/ *In bad weather please phone:*

0870 054 6999

Àireamh PIN na sgoile/ *School PIN Number:*

04 2950

Luchd Obrach – Staff

Ceannard - Mrs Gwen Culbertson

Luchd-teagaisg Gàidhlig - *Gaelic Medium Staff:*

P1/2g - Bh.Ph. Christine Robasdan/ *Mrs Christine Robertson*

P3/4g - Bh.Ph. Raonaid Brennan/ *Mrs Rachel Brennan*

P5/7g - Bh.Ph. Megan NicCoinnich/ *Mrs Megan MacKenzie*

Neach-teagaisg Taiceil/CCR Cover - *Mrs Gwen Culbertson*

An Sgoil-Àraich - Bh.Ph. Mòrag NicAoidh, Mh.U. Sandra NicDhòmhnaill/ *Mrs Marion MacKay, Miss Sandra MacDonald*

Luchd-teagaisg Beurla - *English Medium staff:*

P1/7e - Mrs Heather Beaton, Mrs Janette MacLure

CCR Cover - Mrs Gwen Culbertson

An Sgoil-àraich - luchd-obrach seal-ùine/ *Nursery* - *Temporary Staffing Arrangement*

Luchd-teagaisg nan Ealan - *Visiting Arts Teachers:*

Ealain/Art - Mrs Alice MacVicar: (Diciadain/ *Wednesday*)

Ceòl/Music - Mrs Mary Strachan: (Dihaoine/ *Friday*)

Lùth-chleasachd/PE - Mrs Janice MacGuire: (Dimàirt/ *Tuesday*)

Innealan-teuda/Strings Tuition - Mrs Marian Beeston: (Diciadain/ *Wednesday*)

Piobaireachd/Piping Tuition - Mr Niall Stewart: (Diluain/ *Monday*)

Luchd-obrach eile - *Other staff:*

Clèireachd/Secretary: Bh.Ph. Lorraine NicFhionghain/ *Mrs Lorraine MacKinnon*

Luchd-taice Ionnsachaidh, Luchd-taice Seòmair-theagaisg, Luchd-stiùiridh na roinn-cluiche/LSAs, Classroom Assistants, Playground Supervisors: (Bh.Ph. Shona Nic a' Phì, Bh.Ph. Lorraine NicNeacail/ *Mrs Shona MacPhee, Mrs Lorraine Nicolson*)

Neach-glanaidh/ Cleaner: Bh.Ph. Lorraine NicNeacail / *Mrs Lorraine Nicolson.*



Slàinte - Health

Tadhlaidh dotair is nurs na sgoile air an sgoil aig amannan gus deuchainnean claisneachd is fradhairc a chumail. Thèid innse dhuibh agus bidh cuireadh agaibh a bhith an làthair ma bhios am pàiste agaibh feumach air làn-dheuchainn mhedigeach an dàrna cuid ann am P1 no P7. Ma tha sibh airson bruidhinn ris an dotair mu rud sam bith, chan eil agaibh ach fios a leigeil dhan sgoil. Bidh Leasaiche Cainnte is Cànanain a' tadhal air an sgoil cuideachd. Tha modhan obrach againn air cungaidhean leighis a thoirt do dhaoine san sgoil.

The school doctor and school nurse will visit the school periodically to check hearing and sight. You will be informed and invited to attend if your child is required to have a full medical in either P1 or P7. Please feel free to contact the school if you wish to speak with the doctor about anything. The school also has the service of a visiting speech and language therapist. We have procedures for administering medicines in school.

Mialan Fuilt - Head Lice

Chan eil e an-àbhaisteach dhan mhial-fhuilt a bhith a' togail ceann far a bheil clann aig aois sgoile. Cha ghabh casg a chur oirre ach, le bhith a' sgrùdadh tric, gheibhear lorg oirre nas tràithe agus air dèiligeadh rithe. B' fheàrr nan dèanadh pàrantan is luchd-cùraim sgrùdadh air falt na cloinne uair san t-seachdain fhad 's a thathar ga nighe. Chan eil a dhìth ach an siampù àbhaisteach, an conditioner agus cìr mhìn bidh moladh aca ann am bùth nan cungaidhean air tè fhreagarrach. B' fhiach e cuimhneachadh gur e mialan a tha beò 's a' gluasad a tha sibh a' lorg - an aon rud a bheir fios le cinnt gu bheil iad san fhalt.

Ma thig sibh tarsaing air mialan beò, chan eil agaibh ach faighneachd anns a' bhùth chungaidhean, no de na daoine a leanas: nurs na sgoile, obraiche-slàinte, an dotair, air mar a gheibhear cuidhteas iad.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh @
<http://www.healthscotland.com/uploads/documents/headlice.pdf>

Head Lice are a common problem in school aged children. They can't be prevented, but regular checking ensures early detection and treatment if necessary. Parents and carers should check their children's head once a week during hair washing. You need your usual shampoo, conditioner, and a detection comb - ask your local pharmacist to recommend a suitable one. Remember that you are looking for living moving lice - the only evidence that your child is infected.

If you find a living louse, ask your local pharmacist, school nurse, health visitor or GP for advice regarding treatment.

*For further information see:
<http://www.healthscotland.com/uploads/documents/headlice.pdf>*

Foghlam Àrd-sgoile - Secondary Education

Mar as trice thèid sgoilearan bho clas 7 gu Àrd-sgoil Phort Rìgh ann am Port Rìgh. 'S i an Ceannard Ms Catherine Dhòmhnallach

Pupils from Sleat usually transfer from P7 to Portree High School in Portree. The Head Teacher is Ms Catherine Macdonald.

<http://www.portreehigh.highland.sch.uk/>

An Sgoil-Àraich - Nursery

Tha seòmar teagaisg sgoil-àraich san sgoil sa bheil seisean Gàidhlig ga ruith sa mhadainn agus Beurla feasgar. Tha iad seo ann do sgoilearan sa bhliadhna ro-sgoile (ceithir bliadhna a dh'aois ro dheireadh a' Ghearrain) a bhios a' dol dhan sgoil san Lùnasdal agus do chloinn sa bhliadhna às dèidh sin a bhios trì bliadhna a dh'aois ro dheireadh a' Ghearrain. Tha ro-i-shealladh ann dhan Sgoil-Àraich sa bheil fiosrachadh nas mionaidiche ri fhaighinn.

We have a nursery class room within the school, which at present has a Gaelic morning session and an English afternoon session. These are open to pupils who are in their pre-school year (4 years old before the end of February) and are due to start primary school the following August and pre-pre school pupils who are 3 years before the end of February. A separate prospectus on the nursery is available, giving further information.



Plana Leasachaidh na Sgoile - *School Improvement Plan*

Tha e mar fhiachaibh air gach sgoil air Ghàidhealtachd Plana Leasachaidh a nochdadh a sheallas nan roinnean de dh'obair na sgoile a tha fo sgrùdadh agus na leasachaidhean a tha san amharc aice, biodh iad nan leasachaidhean a chomharraich Riaghaltas na h-Alba no Ùghdarras Foghlaim na Gàidhealtachd no nithean a tha mar amas sònraichte aig an sgoil fhèin. Gheibhear leth-bhreac de Phlana Leasachaidh na Sgoile ann an oifis na sgoile no air an làraich-lìn.

Bhathar ag amas gu sònraichte leis a' phlana leasachaidh sa bhliadhna 2007-2008 air nithean co-cheangailte ri stèidheachadh na sgoile mar sgoil Ghàidhlig.

Tha na h-ìomairtean a leanas fa-near dhuinn ann an 2008/2009: tuilleadh leasachaidh air Curaicealam ACE, a dhol an sàs ann am Pròiseact Litearrachd na Gàidhealtachd gus comasan sgrìobhaidh a thoirt am feabhas air feadh na sgoile, inbhe a chosnadh an lùib eig-eòlais leis an teisteanas Eco Schools Status, agus Pròiseact Ealain Iomlaideach an co-bhoinn ri Sgoil Chrois na Cise ann an Dùn Èideann a mhaireas dà bhliadhna.

All Highland schools have to produce an Improvement Plan showing the areas under review within the school and the planned school developments. These developments may be ones highlighted by the Scottish Executive, the Highland Education Authority or school priorities. A copy of the School Improvement Plan is available from the school office and website for any interested parent.

The priorities developed in the school for session 2007 - 2008 were principally attached to the transition of the school to Gaelic Medium.

The improvement projects for 2008/2009 are further development of the ACE Curriculum, engaging with Highland Literacy Project to improve literacy throughout the whole school, and Eco Schools Status and our two year Arts Exchange project with Tollcross Primary.

Comhairle nam Pàrant - *Parent Council*

Thugadh Comhairlean Phàrant a-steach san Lùnasdal 2007 nuair a dh'fhalbh na seann Bhùird Sgoile agus na Comainn Phàrant is Thidsear (PTA). Tha ballrachd aig gach pàrant no neach-cùraim aig a bheil pàiste san sgoil air Fòram nam Pàrant co-dhiù. Cuiridh riochdairean on Fhòram an uair sin an ainmean air adhart airson àite a ghabhail air a' Chomhairle Phàrant. cuiridh a' chomhairle taic ris an sgoil le bhith a' tionail airgead is a' brosnachadh nam pàrant uile gus a bhith a' com-pàirteachadh ann an obair na sgoile gu maith na cloinne.

Tha an deichnear a leanas nam buill de Chomhairle

In August 2007 Parent Councils were introduced to replace School Boards and PTAs. Each parent/guardian of children in school is automatically a member of the Parent Forum. Representatives from the Forum then volunteer to serve on the Parent Council supporting the school, fundraising and actively encouraging all parents to work in partnership with the school to enhance the pupils learning and educational experiences in order that all children can become successful learners, confident individuals, responsible citizens and effective contributors.

Our present Parent Council has 10 members, most of whom are also very active with fundraising for

nam Pàrant an-dràsta:	<i>the school. They are:</i>
	<ol style="list-style-type: none">1. Julie Brook,2. Calum Dòmhnallach,3. Catriona Nicleòid,4. Mòrag NicAoidh,5. Carl Bolas, Claire Hannah,6. Garry Noakes,7. Tony Meechan,8. Morag Macfadyen,9. Austin O Baoighill,10. Duncan Rae.
Ma tha sibh airson a bhith an sàs sa chomhairle no airson cùis a thogail co-cheangailte ri foghlam san sgoil, chan eil agaibh ach fios a leigeil dhan Chomhairle Phàrant air làraich-lìn na sgoile.	<i>If you wish to become involved or have views you wish to express about educational issues, please contact the Parent Council via the school website.</i>



Co-ionannachd Chothroman - *Equal Opportunities*

Tha e mar dhleastanas againn, mar sgoil, gun innis *The School is required to inform all parents that*
sinn dha na pàrantan uile gu bheil sinn a' dèanamh *it conforms to the wishes of the Equal*
a rèir amasan a' Choimisein airson Co-ionannachd *Opportunities Commission and would ask you to*
Chothroman agus bheireamaid na leanas gu ur n- *note the following: Bun-sgoil Shlèite is an Equal*
aire: Tha Bun-Sgoil Shlèite na sgoil a tha a' *Opportunities School and*
gleidheadh Co-ionannachd Chothroman agus

- * tha Poileasaidh Co-ionannachd Chothroman aice; *has an Equal Opportunities Policy;*
- * tha i an aghaidh claon-bhreith no lethbhreith de sheòrsa sam bith; *is opposed to all forms of prejudice and discrimination;*
- * tha i a' tathann co-ionannachd cothruim tro spiorad is obair na sgoile; *provides equality of opportunity through its ethos and working practices;*
- * tha i ag àrdachadh tuigse agus meas co-cheangailte ri fèin-aithne cultarail is creideimh dhaoine eile; *promotes understanding and respect of other people's cultural identity and beliefs;*
- * tha i a' co-thaobhadh ri Stiùiridhean Seirbheis an Fhoghlaim an aghaidh Gràin-Chinnidh agus airson Ioma-Chultarachd airson Bun-sgoiltean is Sgoiltean Àraich (An Cèitean 2007) *aligns itself with the Education Service's Anti-Racist and Multi-Cultural Guidelines for Primary and Nursery Schools (May 1997).*

Aithisgean Sgoilear - *Pupil Reports*

Tha measadh ga thoirt a-mach gu ìre mhòir tro mheasadh leantainneach (a bhith a' cumail sùil air obair nan sgoilear bho latha gu latha). Nithear measadh cuideachd le bhith a' dèanamh ath-sgrùdadh air obair dhèante. Tha na dòighean seo a' togail neart no laigse ann nan obair nan sgoilear agus thèid ùrachadh is leasachadh a dhèanamh air a' chlàr-ionnsachaidh dha rèir.

Thathar a' dèanamh cunntas foirmeil do phàrantan da thuras sa bhliadhna a thaobh adhartas an cuid chloinne. Bidh oidhche phàrant ga cumail ann an teirm an Fhoghair far am faigh pàrantan facal air an luchd-teagaisg a thaobh adhartas na cloinne aca. Bidh coinneamhan gan cumail eadar pàrantan is

Assessment of the pupil's progress in all areas of the curriculum is mainly by means of continuous assessment (observation of each child's ongoing daily work.) Assessment is also made by means of regular revision work. Much of this helps to identify pupils difficulties and strengths and enable the staff to adapt the curriculum accordingly.

Parents are formally contacted 2 times each school year about their child's progress. There will be an informal parents evening in the Autumn term which will be short individual meetings with parents with opportunities for parents to discuss their child's progress. There will be teacher/parent meetings

luchd-teagaisg ann an Teirm an t-Samhraidh le Aithisg sgrìobhte. Thèid iarraidh air pàrantan fios a chur dhan sgoil uair sam bith a tha cùis aca ri thogail co-cheangailte ris a' chloinn aca.

Aig na Coinneamhan Phàrant tha uair ga chur air dòigh airson coinneachadh agus faodar bruidhinn ris a' Cheannard cuideachd. Bidh an Aithisg air a cur ri chèile à toradh nam measaidhean leantainneach agus measaidhean clas. Tha seo ga dhaingneachadh le Measaidhean Nàiseanta a bhios air an an suidhe nuair a bhios fianais aig an neach-teagaisg le obair chlas gu bheil obair an sgoilear aig ìre fhreagarraich. Tha Measaidhean Nàiseanta gan cumail mar phàirt de dh'obair latha na sgoile.

Chan eil Measaidhean Nàiseanta ann an-dràsta ach ann am Matamataig, Leughadh agus Sgrìobhadh. Gheibh pàrantan teisteanas a dh'inneas dhaibh gun do choilean an sgoilear ìre ùr anns na cuspairean gu h-àrd. Tha na Measaidhean Nàiseanta seo ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig cuideachd.

Bidh toraidhean nam Measaidhean Nàiseanta san Aithisg Sgoilear. Tha cruth na h-aithisg a rèir Stiùiridhean Nàiseanta/Ionadail air cunntas a thoirt do phàrantan.



in the Summer Term with a written report. Parents are encouraged to contact the school if ever they might have any concerns or wish to discuss any matter regarding their child.

At the Parents Meeting an appointment system is used and there is the opportunity to meet with the Head teacher also. Parents have an opportunity to discuss their child's progress during the year. The reports are based on the teachers' continuous assessment and classroom assessments. This is supported by National Assessments which the pupils sit when the teacher has the evidence that the child has achieved the appropriate level in their class work. National Assessments will be administered during the normal routine of the class.

National Assessments are at present only carried out in Maths, Reading and Writing. Parents are informed by certificate when their children attain a new level in the above subjects. Gaelic Medium pupils sit National Assessments.

The results of National Assessments are also included in reports. The format of the reports is in line with Regional/National Guidelines on reporting to parents.

Tha sinn a' moladh do phàrantan coinneamh a chur air dòigh leinn aig àm sam bith eile ma bhios cùisean a' dèanamh dragh dhaibh co-cheangailte ri foghlam no maith an cuid chloinne.

We encourage all parents to contact us immediately for an appointment at any other time if they have concerns about their child's education or well-being.

Taic le Ionnsachadh - Support for Learning

Tha dithis Luchd-taice Ionnsachaidh againn an-dràsta agus tha dreuchd Neach-teagaisg Taice Ionnsachaidh ri lìonadh.

Tha an Sgioba Taice Ionnsachaidh a' cur taic ri sgoilearan is luchd-obrach na sgoile air fad. Ged a bhios iad ag amas len cuid taice air sgoilearan le feumalachdan sònraichte, nì iad obair aig amannan le buidhnean farsaing de sgoilearan ann an raon de chuspairean. Cuidichidh an Neach-teagaisg Taice Ionnsachaidh an luchd-teagaisg cuideachd ann a bhith a' dealbhadh agus a' trusadh stuthan ionnsachaidh freagarrach dhan t-seòmar teagaisg.

Ma bhios sgoilear ann le feumalachdan sònraichte tha taic ga chur ris an ionnsachadh aca tro chonaltradh eadar an Ceannard, an Neach-teagaisg, an Sgioba Taice Ionnsachaidh, na pàrantan agus sgoilearan eile (far am bi sin iomchaidh). Bidh coinneamhan eadar-roinneil gan cumail leis na daoine ainmichte gu h-àrd agus daoine eile a leithid Dotair no Nurs na Sgoile, Obraichean Sòisealta no Luchd-taice Spèisealta.

Nam b' e 's gun robh tuilleadh stiùiridh a dhìth, chuirte an sgoilear gu spèisealaichean, m.e. Saidhceòlaiche Foghlaim, Leasaiche Cainnte, Neach-teagaisg Beurla mar Chànan a bharrachd, Leasaiche Obrach, Obraiche air astar. Len cuid eòlais, dhèanadh iadsan a-mach mar a bha an sgoilear ag ionnsachaidh agus far an robh na duilgheadasan ag èirigh. Mar a thachradh le trioblaidean ionnsachaidh sam bith, bhiodh pàrantan no luchd-cùraim na cloinne an sàs aig gach ìre. Thathar a' sgrùdadh sgoilearan aig a bheil feumalachdan aithnichte gu cunbhalach agus bidh Prògram Foghlaim Fa Leth (IEP) ga chruthachadh dhaibh.

We have at present 2 Support for Learning Auxiliaries. The post of Support for Learning teacher is yet to be filled.

Our Support for Learning team supports all the pupils and staff at the school. Although they may give additional support to pupils with specific difficulties or needs, they do at times work with all groups of children in the school in all areas of curriculum. The Support for Learning teacher will also assist the Class Teachers in designing and obtaining appropriate materials/resources for use in the classroom.

Where a child has specific needs, the most appropriate help is given through negotiation and consultation between Head Teacher, Class Teacher, Support for Learning Staff, parents, and where appropriate, pupils. We hold interagency meetings involving all the above plus other agencies such as School Doctor/Nurse/Social Workers/Support Specialists, etc when required.

If a child's needs are such that further guidance is necessary, then it may be necessary to refer the child to specialists e.g. Educational Psychologist, Speech Therapist, English as an additional language teacher, Occupational Therapists, Outreach Workers. Their expertise lies in assessing how the child is learning and where difficulties lie. As with any learning problem the parents/guardians would be involved every step of the way. Pupils with identified needs are monitored and reviewed regularly and Individual Education Programmes (IEPs) are set for pupils with specific needs.

Rianachd Chlasaichean/ *Class organisation*

Tha 4 clasaichean bun-sgoile againn an-dràsta, trì tro mheadhan na Gàidhlig and aon tron Bheurla. Tha àireamh eadar 10 is 20 sgoilear anns gach clas. Tha a' chlann a' tighinn còmhla uair san t-seachdain airson co-thional sgoile anns an dà chànan.



At present we have 4 primary classes, three Gaelic and one English medium. The numbers in each class vary from 10 to 20 pupils. All pupils come together once a week for a whole school bilingual assembly.



Tachartasan Seachdaineil - *Weekly Events*

Diluain - Monday	2.30 - 3.15f
Coinneamh Comhairle nan Sgoilear <i>Pupil Council Meeting</i>	Le Mrs Culbertson
Coinneamh Lasair Ealain	Le Julie Brook
Coinneamh a' Chomataidh Eig-eòlais <i>Eco Committee Meeting</i>	Le Mrs Beaton
Dihaoine - Friday	
Co-thional na Sgoile - <i>Whole School Bilingual Assembly</i> - Fàilte air pàrantan! <i>Parents welcome!</i>	Le Mrs Culbertson 1.30 - 2.00f
Àm Òir - <i>Golden Time</i>	2.30 - 3.15f

Pàrantan Taice - *Parent Helpers*

Tha sinn a' sireadh, is feumach air, luchd-taic à measg nam pàrant. Bhìomaid fada an comain pàrtaidh sam bith a bhiodh deònach an cuid sgilean is ùine a thathann dhan sgoil. Leigidh sin dhaibhsan tighinn nar measg-ne agus a bhith a' com-pàirteachadh ann an obair na sgoile. Bidh sin feumail dhan chloinn aca fhèin is do chloinn eile. Tha pàrantan gar cuideachadh le nithean a leithid teicneòlas-fiosrachaidh (ICT), fuine, obair chiùird, geamannan is eile.

We welcome and need parent helpers. If you are able to offer any skills, time or energy we can use you! Being a parent helper gives you the chance to see us at work and to build an active partnership with the school which will benefit your child and others. Parent helpers are involved in ICT, baking, craft activities, play games, etc.

Dinnearan Sgoile - School Meals

<p>Tha clàran-bìdh rim faotainn air an làraich-lìn no bhon sgoil.</p> <p>Tha gach dinnear a' cosg £1.65.</p> <p>Dèanaibh cinnteach gum pàigh sibh an t-airgead ceart Diluain gach seachdain.</p> <p>Tha luchd-obrach a' cumail sùil air a' chloinn uile aig amannan bìdh.</p> <p>Faodaidh clann a tha a' toirt am biadh fhèin leotha a bhith ag ithe san talla còmhla ri càch. Feumaidh biadh a bheir clann a-steach leotha a bhith air a chumail ann am bocsa freagarrach agus, air adhbharan slàinte is sàbhailteachd, chan fhaodar biadh no deochan teth, crogain ghlainne no canastairean a thoirt a-steach dhan sgoil. Cha bhi an t-ùghdarras cunntachail ma thèid biadh, no an stuth sa bheil biadh ga chumail, a chall no a mhilleadh.</p> <p>Tha deagh bhàr-bìdh againn aig àm cluiche gach madainn far am faigh a' chlann air bainne, tosta no measan a cheannach.</p> <p>Ma tha sibh a' faighinn shochairan on stàit a leithid Taic Teachd a-steach no Cuibhreann Sireadh-obrach, gheibhear foirm-iarrtais an ùghdarras ionadail airson biadh sgoile an-asgaidh ann an oifis na sgoile (agus thèid seo a chumail diomhair).</p>	<p><i>Current menus are available on the school website or from the school.</i></p> <p><i>Each school dinner costs £1.65.</i></p> <p><i>Please ensure that you pay for dinners on each Monday, with the correct money.</i></p> <p><i>All children are supervised by staff during meal times.</i></p> <p><i>Children with packed lunch eat with the school meals children in the hall. Packed lunches must be carried in an appropriate container and for health and safety reasons no hot food or drinks, glass containers or cans are permitted in school. The Authority cannot be held responsible for any loss or damage to packed meals or their containers.</i></p> <p><i>We are fortunate to operate a popular snack bar at every morning break with milk, toast and fruit available.</i></p> <p><i>If you are in receipt of Income Support or Job Seekers Allowance (Income based) you may apply for free school meals from the authority. Forms are available from the school in strictest confidence.</i></p>
---	--

Cinn-là Chudromach - Term Dates

<p>Chithear mìosachan air an làraich-lìn againn le cinn-là chudromach. Nach toir sibh sùil air! Seallaibh airson cinn-là nan teirmean a tha romhainn suas gu 2010 air na faidhlichean air an làraich, no faighnichibh anns an sgoil.</p>	<p><i>Our school calendar that is on the website is full of dates that are important to us. Have a look! For forthcoming term dates up to 2010, look in our files on the website or ask in school</i></p>
--	---

Taighean Sgoile - School Houses

<p>Tha ceithir taighean-sgoile againn a chaidh an ainmeachadh as ùr ann an 2008. Bha co-fharpais ann dha na sgoilearan gu lèir agus rinn iad an taghadh mar a leanas:</p>	<p><i>We have four school houses which were updated in 2008. The children all competed and voted for new house names and they are:</i></p>
<ul style="list-style-type: none">· Sgarbh (<i>Cormorant</i>)· Corra-Ghritheach (<i>Heron</i>)· Sùlaire (<i>Gannet</i>)· Gille-Brighde (<i>Oystercatcher</i>)	
<p>Air gach latha-sgoile dh'fhaodadh sgoilear sam bith a bhith airidh air puingean dhan taigh aca nam biodh iad rim moladh, mar eisimpleir, airson a bhith modhail, ri deagh ghiùlan, cuimhneach, a' dèanamh adhartas, grinn nan obair, is mar sin air adhart. Thathar ag ainmeachadh aig Co-thional na Seachdaine na fhuair gach taigh an t-seachdain sin. Tha an iomairt seo a' brosnachadh deagh ghiùlan gach cuid gu pearsanta is ann am buidhinn. Cosnaidh an taigh a bhuannaicheas gach teirm teisteanas agus gheibh iad 'Partaidh Plubadaich' ann an amar-snàimh a' Chaoil.</p>	<p><i>Throughout any one day the children of each house team can be awarded points ranging from good behaviour, responsible actions, thoughtfulness, improvement, neat work, progress etc. These points are collated weekly and the running total is revealed each week in the dinner hall at the whole school bilingual assembly. These points encourage both individual achievement and collective responsibility. The winning house of each term receives a "Pool Party" in Kyle of Lochalsh Swimming Pool and a certificate.</i></p>

Riaghailtean na Sgoile - School Rules

<ul style="list-style-type: none">• Bi socair - na goirtich duine.• Bi coibhneil - na dean duine tùrsach.•• Bi onarach - na cleith an fhìrinn.• Bi math air èisteachd - na cuir casg air cainnt duine eile.• Bi dìcheallach - na bi cosg tìde.• Bi cùramach - na mill rud sam bith.	<ul style="list-style-type: none">• <i>Do be gentle - don't hurt anyone</i>• <i>Do be kind and helpful - don't hurt people's feelings</i>• <i>Do be a good listener - don't stop others from talking</i>• <i>Do work hard - don't waste time</i>• <i>Do look after property - don't waste or damage things</i>• <i>Do be honest - don't cover up the truth</i>
---	---

Tachartasan às dèidh Sgoile - *Out of School activities*

Ball Coise (Samhradh) <i>Football (Summer terms)</i>	Dimàirt/ <i>Tuesday</i> 3.15 - 4.15 @ an sgoil/ <i>at the school</i>
Geamannan/Games Night (Geamhradh/ <i>Winter terms</i>)	Dimàirt/ <i>Tuesday</i> 6-7 @ an sgoil/ <i>at the school</i>
Dannsa Dùthchail/ <i>Scottish Country Dancing (fad na bliadhna/all year)</i>	Diluain/ <i>Monday</i> 4 - 5.30 @ an sgoil/ <i>at the school</i>
Club Obair Dachaigh/ <i>Homework Club</i> (Geamhradh/ <i>Winter terms</i>)	Diluain/ <i>Monday</i> 3.15 - 4.15 @ an sgoil/ <i>at the school</i>
Badminton (Geamhradh/ <i>Winter terms</i>)	Diardaoin/ <i>Thursday</i> 6-7 @ an sgoil/ <i>at the school</i>
Karate	Dimàirt/ <i>Tuesday</i> 4-5 @ Fàs Mòr

**Ma ràinig sibh an deireadh agus gu bheil ceistean oirbh fhathast,
nach cuir sibh fios thugainn anns an sgoil!**

***If you have now reached the end and you still have a question that
is unanswered - please contact us at the school!***

